



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

# BPA agus an Obair aca

- **Ciamar a thèid BPA a thaghadh agus dè bhios iad a' dèanamh?**



Tha an leabhran seo a' mìneachadh an t-siostaim a thathar a' cleachdadh airson Buill Pàrlamaid na h-Alba (BPA) a thaghadh agus ag innse mun obair a bhios iad a' dèanamh. Tha e cuideachd a' mìneachadh ciamar a gheibh sibh a-mach dè tha na riochdairean agaibhse a' dèanamh sa Phàrlamaid agus mar a chuireas sibh fios thuca.

Is e Pàrlamaid na h-Alba an reachdadaireachd – a' bhuidheann a bhios a' dèanamh laghan – airson cùisean tiomnaichte an Alba. Tha na cùisean tiomnaichte a' buntainn ri mòran de na rudan a bheir buaidh air beatha dhaoine bho latha gu latha, leithid foghlaim, slàinte, lagh agus òrdugh, taigheadas agus an àrainneachd. Is e BPA na riochdairean a thagh sluagh na h-Alba airson a bhith ag obair às an leth agus a' dèanamh cho-dhùnidhean air cùisean tiomnaichte. Tha dleastanas air BPA ann an trì raointean:

- a' Phàrlamaid
- an sgìre- no roinn-phàrlamaid aca
- am pàrtaidh poileataigeach aca (mura h-eil iad neo-eisimeileach).

Tha feadhainn de na BPA cuideachd nam ball de Riaghaltas na h-Alba, an riaghaltas airson chùisean tiomnaichte. Tha dleastanasan a bharrachd aig na BPA seo a bhuineas ris an obair mhinistireil aca.

## Cò as urrainn a bhith na BhPA?

Faodaidh duine sam bith, cha mhòr, a bhith nam BPA ma tha iad nas sine na 18 agus:

- nan saoranach den Rìoghachd Aonaichte (RA), den Cho-fhlaitheas no Poblachd na h-Èireann, no
- nan saoranach den Aonadh Eòrpach (AE) agus a' fuireach ann an Alba,

ach a-mhàin na daoine a leanas:

- daoine nach deach fhuasgladh bho bhriseadh gnothaich (bankruptcy)
- daoine ann an dreuchd a tha pàighte leis a' Chrùn (seirbheiseach-catharra no poileas mar eisimpleir)
- prìosanaich a' cur seachad còrr is bliadhna ann am prìosan
- duine sam bith a fhuair ciontach de dh'eucoirean àraid co-cheangailte ri taghaidhean.

Gheibh sibh fiosrachadh air seasamh mar thagraiche ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba bho Choimisean nan Taghaidhean.

## Ciamar a tha BPA air an taghadh?

### Taghaidhean

Tha BPA air an taghadh airson suidhe ann am Pàrlamaid na h-Alba tro thaghaidhean coitcheann, a bhios air an cumail a h-uile ceithir bliadhna, mar as trice.

### Cò as urrainn bhòtadh ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba?

Faodaidh neach sam bith bhòtadh ma tha iad air clàr luchd-taghaidh riaghaltas ionadail. Airson a dhol air a' chlàr seo feumaidh tu a bhith:

- 18 no nas sine air latha an taghaidh
- nad shaoranach den Rìoghachd Aonaichte, den Cho-fhlaitheas, Poblachd na h-Èireann, no den Aonadh Eòrpach (AE)
- a' fuireach ann an Alba.

Faodaidh daoine a tha clàraichte aig seòladh ann an Alba ach a tha ann am feachdan arm Bhreatainn thall thairis a dhol air a' chlàr-bhòtaidh cuideachd. Faodaidh daoine gun dachaigh clàradh airson bhòt le bhith a' dèanamh gealladh rùn ionadail (declaration of local intention).

Ma tha sibh ag iarraidh a dhol air a' chlàr luchd-taghaidh riaghaltas ionadail, cuiribh fios gu Oifigear Clàraidh an Taghaidh aig a' chomhairle agaibh.

Faodaidh sibh bhòtadh ann an taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba tron phost. Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh mu bhòtadh tron phost bhon chomhairle agaibh

Tha dà bhòt aig gach neach ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba. Leis a' chiad bhòt, bidh luchd-bhòtaidh a' dèanamh taghadh eadar tagraichean a sheasas anns an sgìre-phàrlamaid aca. Tha 73 sgìrean-pàrlamaid ann airson taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba. Is e BPA sgìreil a tha air na tagraichean a thèid a thaghadh airson sgìrean-pàrlamaid a riochdachadh.

Tha an dàrna bhòt airson pàrtaidhean poileataigeach, no tagraichean neo-eisimeileach, ann an sgìre nas motha ris an canar roinn. Tha ochd roinnean Pàrlamaid na h-Alba ann agus tha seachd seataichean a bharrachd anns a' Phàrlamaid airson gach roinn. Is e BPA roinneil a bheir sinn air na 56 tagraichean a thèid a thaghadh airson nan seataichean a bharrachd seo.

Mar sin dheth tha a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Alba air an riochdachadh le ochdnar BPA: aon BPA sgìreil agus seachdnar BPA roinneil. Tha seo a' ciallachadh gu bheil Pàrlamaid na h-Alba

eadar-dhealaichte bho Phàrlamaid na RA far a bheil a h-uile duine gan riochdachadh le aon bhall taghte a-mhàin.

### An Siostam Ball a Bharrachd

Is e an Siostam Ball a Bharrachd an t-ainm a tha air an t-siostam a bhios ga chleachdadh ann an taghaidhean coitcheann Pàrlamaid na h-Alba. Is e nàdar de shiostam riochdachaidh co-roinneil a tha seo. Tha seo a' ciallachadh gum faigh gach pàrtaidh seataichean an ìre mhath a rèir na bhios iad a' faighinn de thaic bhon luchd-bhòtaidh.

Thèid na BPA sgìreil a thaghadh leis an t-siostam Ciad Àite (First Past the Post) far am bi an tagraiche a fhuair an àireamh a bu mhotha de bhòtaichean a' buannachd an t-seata.

Bidh na BPA roinneil gan taghadh a' cleachdadh formala air a bheil formala d'Hondt. Taobh a-staigh gach roinn, bidh am formala a' cleachdadh an àireamh bhòtaichean a fhuair gach pàrtaidh anns an roinn agus cò mheud seat sgìreil a tha iad air buannachd mar-thà, airson obrachadh a-mach mar a thèid na seataichean roinneil a riarachadh.

Seo mar a tha e ag obair:

#### A' chiad chuairt

Tha an àireamh bhòtaichean gu lèir a fhuair pàrtaidh anns an roinn sinn ga roinn leis an àireamh sheataichean sgìreil a fhuair iad agus a h-aon (an roinniche [divisor]). Tha am pàrtaidh a gheibh an àireamh as motha bhon chunntais seo a' faighinn a' chiad bhall a bharrachd.

#### 2na gu 7mh cuairt

Thèid an aon chunntas a dhèanamh a-rithist agus a-rithist, leis an àireamh de sheataichean roinneil a chaidh a bhuannachd anns na cuairtean roimhe sin gan cur ris an roinniche gach turas.

Tha seataichean air an riarachadh a rèir liostaichean pàrtaidh. (Sin as adhbhar gur e BPA liosta a bhios aig daoine air buill roinneil uaireannan.) Ron taghadh feumaidh gach pàrtaidh liosta a dhèanamh de na tagraichean roinneil agus a chur don oifigear taghaidh aca. Tha òrdugh nan tagraichean air an liosta seo cudromach air sgàth 's gum bi seataichean gan toirt seachad don fheadhainn aig mullach na liosta an toiseach. Ma gheibh pàrtaidh trì seataichean roinneil tha seo a' ciallachadh gur e a' chiad trì air an liosta a thèid a thaghadh a bhith nam BPA.

Ma bhios pàrtaidh soirbheachail anns a' bhòt roinneil, faodaidh iad grunn riochdairean fhaighinn sa Phàrlamaid – fiù 's ged nach do bhuannaich iad seat sgìre-phàrlamaid idir. Ach, ma rinn pàrtaidh glè mhath anns a' bhòt sgìreil, agus ma bhios iad air seataichean sgìre-phàrlamaid gu leòr a bhuannachd (a rèir a' chuibhreann bhòtaichean a fhuair iad gu h-iomlan) dh'fhaoidte nach faigh iad seata roinneil sam bith.

Chan fhaod tagraiche seasamh ach ann an aon sgìre-phàrlamaid ach faodaidh neach seasamh mar tagraiche sgìreil agus a bhith air an liosta roinneil cuideachd. Ma gheibh iad an seat sgìreil thèid an ainm a thoirt far na liosta roinneil nuair a tha seataichean roinneil gan riarachadh. Is e na pàrtaidhean fhèin a cho-dhùineas an cur iad tagraichean an àirde an dà chuid airson baileat sgìreil agus roinneil.

### Tagraichean neo-eisimeileach

Faodaidh daoine seasamh ann an taghadh gun a bhith ceangailte ri pàrtaidh poileataigeach sam bith. Is iad seo na tagraichean neo-eisimeileach. Faodaidh tagraiche neo-eisimeileach ann an taghadh airson sgìre-phàrlamaid seat fhaighinn ann am Pàrlamaid na h-Alba ma gheibh e/i barrachd bhòtaichean na tagraiche sam bith eile. Ma sheasas tagraiche neo-eisimeileach ann an roinn-phàrlamaid – air liosta le dìreach an t-ainm aca fhèin air – gheibh iad seat ma bhuannaicheas iad bhòtaichean gu leòr.

### Dè bhios BPA a' dèanamh?

Mar as tric bidh BPA a' caitheamh cuid den ùine aca anns na sgìrean a tha iad a' riochdachadh mar BPA sgìreil no roinneil, agus cuid ann am Pàrlamaid na h-Alba aig Taigh an Ròid ann an Dùn Èideann. Chan eil e furasta tuairisgeul a thoirt air obair àbhaisteach BPA a chionn 's gu bheil iad an sàs ann an uiread ghnìomhan eadar-dhealaichte, agus chan eil dòigh-obrach aon BhPA uile gu lèir co-ionnan ri dòighean-obrach càich. Ach, faodaidh sinn obair taobh a-muigh na Pàrlamaid agus am broinn na Pàrlamaid a mhìneachadh agus aithneachadh bho chèile.

### Obair sa Phàrlamaid

Mar as tric bidh a' Phàrlamaid a' suidhe air Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin. Is àbhaist do chomataidhean Pàrlamaid coinneachadh air Dimàirt agus madainn Diciadain agus airson làn-choinneamhan na Pàrlamaid a bhith air feasgar Diciadain agus fad an latha Diardaoin. Ach, faodar na làithean agus uairean seo atharrachadh a rèir feuman gnothaich na Pàrlamaid.

### Gnothach nan comataidhean

Tha mòran de dh'obair Pàrlamaid na h-Alba ga dhèanamh ann an comataidhean. Tha mu chòig comataidhean deug aig a' Phàrlamaid, agus bidh a' mhòr-chuid de BhPA nam ball de aon aca co-dhiù. Mar as trice, tha eadar còig agus còig deug BPA air comataidh, agus thèid aon aca a thaghadh mar neach-cathrach, air a bheil neach-gairm. Is àbhaist do BhPA eile a thaghadh mar leas-neach gairm. Cha bhi BPA a tha ann an Riaghaltas na h-Alba a' suidhe air comataidhean pàrlamaideach.

Bidh BPA air na comataidhean a' dèanamh cinnteach gu bheil Riaghaltas na h-Alba cunntachail le bhith a' cumail rannsachaidhean air na gnothaichean a tha anns an raon-ùghdarras aca agus a' toirt a-mach aithisgean air am faodar deasbad a dhèanamh aig coinneamh Pàrlamaid. Bidh iad cuideachd a' sgrùdadh molaidhean an Riaghaltais airson laghan agus riaghlaidhean ùra (bilean agus fo-reachdas). Bidh na BPA a tha nan suidhe ann an comataidhean a' beachdachadh air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig bilean agus faodaidh iad atharrachaidhean a dhèanamh orra. Faodaidh comataidhean na molaidhean aca fhèin a dhèanamh airson reachdais ùir ann am bilean comataidh.



Anns an rannsachadh aca, bidh buill comataidh a' beachdachadh air fianais a thig a-steach thuca bho raon farsaing de bhuidhnean agus dhaoine. Faodaidh iad comhairlichean fhaighinn bhon taobh a-muigh, rannsachadh a bharantachadh agus dol air tursan airson fiosrachaidh a thrusadh. Uaireannan, bidh comataidh ag ainmeachadh aon de na buill aca a bhith na neach-aithris airson cùis a rannsachadh às leth na comataidh agus aithisg a dhèanamh dhaibh mu dheidhinn.

## Gnothaichean an t-Seòmair

Bidh grunn gnothaichean eadar-dhealaichte a' tachairt san t-Seòmar.

Is e còmhradh eadar BPA sa Phàrlamaid a th' ann an deasbad. Mar as trice, bidh deasbad stèidhichte air gluasad.

### Glusadan

Faodaidh BPA cùisean a thogail, deasbadan a chur air dòigh agus gnìomhan a mholadh tro ghluasadan. Is e moladh a th' ann an gluasad, mar as tric ann an riochd paragraf goirid. Bidh BPA a' cur ghluasadan a-steach ann an sgrìobhadh do Dheasg Seòmair na Pàrlamaid. Thèid gluasadan a chlà-bhualadh anns an Iris Ghnothaichean (an sgrìobhainn a dh'innseas gnothach làthaireil agus ri teachd anns a' Phàrlamaid), agus faodaidh BPA taic a chur ri gluasad le bhith ag iarraidh gun tèid an ainm fhèin a chur aig bonn an teagsa. Thèid cuid de ghluasadan a dheasbad ann an coinneamh Pàrlamaid. Ach, chan e togail deasbad a tha fa-near do BhPA a h-uile turas a chuireas iad gluasad a-steach. Dh'fhaodadh iad, mar eisimpleir, gluasad a chur a-steach airson meal an naidheachd a chur air buidheann no airson aire a thogail mu thachartas no cùis shònraichte. Tha gluasad ann cuideachd air a bheil gluasad gnothaich, a bhios a' leigeil leis a' Phàrlamaid aontachadh ris a' chlàr-gnothaich aice airson an ama ri teachd.

Aig Àm-cheistean a' Phrìomh Mhinisteir bidh BPA a' cur cheistean air ceannard Riaghaltas na h-Alba. Bidh BPA a' cur a-steach ceistean ro-làimh airson Àm-ceasnachaidh a' Phrìomh Mhinisteir agus bidh an t-Oifigear-riaghlaidh a' taghadh sia aca. Is àbhaist don chiad trì a dhol do cheannardan nam prìomh phàrtaidhean dùbhlain. Faodaidh BPA cuideachd ceistean leantail each fhaighneachd ma bheir an t-Oifigear-riaghlaidh cead dhaibh.

Is ann aig Àm nan Ceistean a bhios BPA a' cur cheistean air Rùnairean Caibineit agus Ministearan. Tha àm ann airson cheistean coitcheann agus àm eile airson cheistean air



cuspairean sònraichte leithid slàinte agus mathas beatha no ceartas. Bidh na cuspairean ag atharrachadh gach seachdain.

Aig an Àm Co-dhùnaidh bidh BPA a' bhòtadh air na gluasadan air an robh iad a' beachdachadh an latha sin. Is àbhaist an t-Àm Co-dhùnaidh a bhith ann aig 17.00 Diciadain agus Diardaoin.

Ann an Gnothaichean nam Ball bidh BPA nach eil ann an Riaghaltas na h-Alba a' faighinn cothrom deasbad a mholadh. Is àbhaist dhaibh a bhith a' beachdachadh air cuspair a tha a' buntainn ris an sgìre aca fhèin, no cuspair anns a bheil ùidh shònraichte aca. Bidh Gnothaichean Bhall ann às dèidh an Àm Co-dhùnaidh. Freagraidh an Riaghaltas an gluasad ach cha bhi bhòt sam bith air.

Tha cothrom aig a h-uile BPA pàirt a ghabhail ann an gnothach an t-Seòmair. Ach, cha leig iad a leas a thighinn don h-uile coinneimh Pàrlamaid, agus bidh a h-uile BPA a' co-dhùnadh dhaibh fhèin ciamar a roinneas iad ùine eadar na dleastanasan eadar-dhealaichte aca.

### Obair eile sa Phàrlamaid

#### Ceistean sgrìobhte

A bharrachd air a bhith a' cur cheistean beòil aig Àm nan Ceistean agus Àm-cheistean a' Phrìomh Mhinisteir, faodaidh BPA ceistean sgrìobhte a chur a-steach cuideachd. Tha ceistean sgrìobhte a' leigeil le BPA a bhith a' faighinn fiosrachadh mionaideach bho Rùnairean Caibineit agus Ministearan air cuspairean tiomnaichte. Is e seo tè de na dòighean cudromach a bhios a' Phàrlamaid a' cumail Riaghaltas na h-Alba cunntachail. Tha teagsa nan ceistean sgrìobhte ri fhaicinn anns an Iris Ghnothaichean agus chithear na freagairtean ann an Aithisg nam Freagairtean Sgrìobhte. Lorgar na dhà air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba.

#### Bilean bhall

Faodaidh BPA sam bith nach eil ann an Riaghaltas na h-Alba bile bhall a thoirt a-steach. An toiseach, feumaidh am BPA dreachd de mholadh a dhèanamh, mar as tric le ùine co-chomhairle na chois, nuair a bhios am BPA a' cruinneachadh bheachdan air a' mholadh. An uair sin thèid moladh deireannach a chur a-steach. Ma gheibh seo taic thar-phàrtaidh gu leòr, agus ma chanas Riaghaltas na h-Alba nach eil iad airson reachdas a thoirt a-steach air an aon chuspair, faodaidh am BPA bile a thoirt a-steach airson am moladh a chur an gnìomh aig àm sam bith thar nan ceithir bliadhna de sheisean Pàrlamaid. Faodaidh gach BPA dà bhile ball a thoirt a-steach ann an aon seisean.

## Conaltradh

Bidh BPA a' faighinn mòran theachdaireachdan, aig a' Phàrlamaid fhèin agus ann an oifisean na sgìre- no roinn-phàrlamaid aca. Air an adhbhar sin, ma-thà, is àbhaist do BPA a bhith a' caitheamh greis gach latha a' dèiligeadh ris na litrichean, puist-d, gairmean fòn agus facsaichean a bhios iad a' faighinn.

## A' cumail sùil air na meadhanan agus gnòthaichean na Pàrlamaid

Tha e cudromach gum bi BPA eòlach air na tha a' dol anns na naidheachdan aig an taigh agus thall thairis, agus air an adhbhar sin is àbhaist dhaibh cuid den latha a chaitheamh a' leughadh phàipearan is irisean. Bidh iad cuideachd a' coimhead air an Aithisg Oifigeil (clàr sgrìobhte de na chaidh a ràdh ann an coinneamhan pàrlamaideach) airson faighinn a-mach dè tha air a bhith a' tachairt ann an comataidhean agus anns an t-Seòmar, agus ri Iris Ghnòthaichean na Pàrlamaid a dh'fhaighinn a-mach mu ghluasadan làthaireil, reachdas a tha dol tron Phàrlamaid agus gnòthaichean ri teachd.

## Obair aig Taigh an Ròid taobh a-muigh uairean obrach àbhaisteach

Chan eil obair nam BPA ann an togalach Pàrlamaid na h-Alba dìreach a' tachairt nuair a tha a' Phàrlamaid na suidhe. Nuair nach eil a' Phàrlamaid na suidhe – mar eisimpleir, Diluain agus Dihaoine, anmoch san fheasgar no aig àm fosaidh– faodaidh BPA obair eile a dhèanamh aig Taigh an Ròid, leithid a bhith a' cur choinneamhan air dòigh agus a' frithealadh choinneamhan, a' stiùireadh thursan timcheall togalach na Pàrlamaid agus a' coinneachadh le luchd-taghaidh, luchd-coiteachaidh agus buidhnean-ùidh.

Tha e cuideachd àbhaisteach do bhuidhnean tar-phàrtaidh (BTP) na coinneamhan aca a chumail air feasgar tron t-seachdain. Tha na BTP a' toirt cothrom do BPA, muinntir a' phobail agus buidhnean bhon taobh a-muigh coinneachadh a bhruidhinn air cuspair àraidh, leithid cùram ainmhidhean, croitearachd no slàinte inntinn. Chan eileas a' meas BTP mar phàirt de ghnòthach oifigeil Pàrlamaid na h-Alba ach, a chionn 's gum faodadh buaidh a bhith aca air a' Phàrlamaid, feumaidh iad obair a rèir an stiùiridh air deagh chleachdadh.

## Obair taobh a-muigh na Pàrlamaid

Tha e cumanta do BPA a bhith a' cumail freastal-lann air an oidhche no aig ceann na seachdain. Uaireannan bidh seo ann an oifisean na sgìre- no roinne-pàrlamaid. Ach faodaidh iad tachairt ann an àiteachan eile cuideachd anns an

sgìre leithid leabharlann, ionad coimhearsnachd no ionad bhùithtean. Tha freastal-lann a' toirt cothrom don phoball coinneachadh leis a' BhPA aca airson cùis no gearan sam bith a thogail.

Faodaidh cuideachd gun gabh BPA pàirt ann an tachartas anns an sgìre- no roinn-phàrlamaid aca, leithid:

- coinneachadh le daoine, buidhnean-iomairt no buidhnean-ùidh san sgìre
- bruidhinn aig coinneamhan
- tadhail air factaraidhean, sgoiltean agus buidhnean ionadail eile
- fosgladh fhèilltean no tachartasan eile san sgìre
- dol do cho-chruinneachaidhean ionadail.

Uaireannan bidh BPA ag obair mar eadar-mheadhanair eadar luchd-taghaidh agus buidhnean poblach leithid ùghdarrasan taigheadais no am poileas.

Nuair a tha iad nam ball de phàrtaidh, bidh BPA a' dol gu coinneamhan agus co-labhairtean pàrtaidh agus a' bruidhinn aca, a' gabhail pàirt ann an deasachadh poileasaidh agus a' riochdachadh a' phàrtaidh aca aig tachartasan àraidh. Faodaidh BPA cuideachd a bhith a' riochdachadh na h-Alba aig gnòthaichean eadar-nàiseanta leithid Latha a' Bhreacain a tha ga chumail a h-uile bliadhna ann an New York.

## Dreuchdan oifigeil

A thuilleadh air an obair aca mar BPA sgìreil no roinneil, tha dreuchdan oifigeil aig cuid de BhPA. Tha cuid de na dreuchdan seo air an ainmeachadh gu h-ìosal.

Bidh an t-**Oifigear-riaghlaidh** ga thaghadh leis na BPA aig a' chiad choinneimh às dèidh taghadh coitcheann agus bidh e a' riaghladh coinneamhan na Pàrlamaid. Tha an t-Oifigear-riaghlaidh cuideachd na riochdaire oifigeil airson Pàrlamaid na h-Alba, an dà chuid anns an Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis.

Tha am **Prìomh Mhinistear** aig ceann Riaghaltas tiomnaichte na h-Alba. Tha am Prìomh Mhinistear ga ainmeachadh às dèidh bhòt leis na BPA agus ga chur an dreuchd leis a' Bhanrigh a tha a' leantainn moladh an Oifigeir-riaghlaidh. A chionn 's gum feum am Prìomh Mhinistear mòr-chuid de na bhòtaichean sa Phàrlamaid fhaighinn airson an dreuchd a bhuannachd, tha e glè choltach gum bi e/i na b(h)all den phàrtaidh leis an àireimh as motha de sheataichean sa Phàrlamaid.

Tha **Rùnairean Caibineit agus Ministearan** nam ball de Riaghaltas na h-Alba. Bidh am Prìomh Mhinistear gan taghadh, le aonta na Pàrlamaid agus na Banrigh, agus mar as trice bidh iad a' tighinn bhon phàrtaidh (no na pàrtaidhean) leis an àireimh as motha de sheataichean sa Phàrlamaid. Mar as trice bidh ùghdarras aig Rùnairean Caibineit agus Ministearan air roinn poileasaidh àraidh, leithid slàinte no foghlam.



Bidh na pàrtaidhean poileataigeach ag ainmeachadh luchd-labhairt, gu h-àraidh na pàrtaidhean nach eil ann an Riaghaltas na h-Alba. Bidh an luchd-labhairt a' mineachadh poileasaidh a' phàrtaidh air cuspairean àraidh agus a' bruidhinn às leth a' phàrtaidh aca ann an deasbadaan a bhuineas ris a' chuspair aca. Uaireannan is e Rùnairean Caibineit Dùbhlain no Ministearan Dùbhlain a bhios orra.

Bidh buill Biùro na Pàrlamaid a' moladh ciamar a thèid ùine deasbaid a roinneadh eadar na pàrtaidhean eadar-dhealaichte agus air stèidheachadh agus ballrachd chomataidhean. Tha a h-uile ball air Biùro na Pàrlamaid a' riochdachadh pàrtaidh no buidheann poileataigeach aig a bheil còig buill no barrachd. Tha an t-Oifigear-riaghlaidh anns a' Bhiùro cuideachd mar neach-cathrach agus tha e/i neo-phàirteach. Is e manaidsearan gnothaich a tha air BPA ann am Biùro na Pàrlamaid uaireannan.

Tha e an urra ris na cuipean taic a bhrosnachadh airson ro-innleachd a' phàrtaidh aca fhèin. Uaireannan tha dreuchd an Àrd-chuip ga chur còmhla ri dreuchd a' Mhanaidsear Gnothaich ach tha seo eadar-dhealaichte bho phàrtaidh gu pàrtaidh.

Bidh buill Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh agus a' co-dhùnadh air farsaingeachd de chuspairean a' buntainn ri luchd-obrach, seirbheisean agus goireasan aig Taigh an Ròid. Tha an ceathrar bhall gan taghadh le BPA aig coinneamh Pàrlamaid.

### **Ciamar a bhios BPA a' dèiligeadh ri cùisean a thèid a thogail le muinntir a' phobail?**

Tha còir aig a h-uile duine sùileachadh gun gabh BPA ris na cùisean no na ceistean aca, ach tha e an urra ris a' BhPA co-dhùnadh dè an dòigh as fheàrr a ghabhas sin dèanamh.

Dèiligidh BPA ri cùis ann an dòighean eadar-dhealaichte a rèir dè seòrsa cùis a th' ann agus an deach an neach a tha a' togail na cùise gu buidhnean eile (leithid ùghdarras ionadail) an toiseach mus tàinig iad don BhPA. Seo cuid de na dòighean anns am bi BPA a' dèiligeadh ri cùisean:

- cur fios gu buidhnean freagarrach (me comhairlean ionadail, ùghdarrasan taigheadais, bùird slàinte)
- sgrìobhadh don Rùnaire Caibineit no Ministear aig a bheil gnothach ris a' chùis
- coinneachadh ris an Rùnaire Caibineit no Ministear aig a bheil gnothach ris a' chùis
- Ceist Phàrlamaideach fhaighneachd
- deasbad a thòiseachadh
- moladh atharrachadh air bile
- cur a-steach bile bhall
- togail aire mun chùis anns na meadhanan

Bidh spèis aig BPA ri prìobhaideachd an neach a chuir fios thuca agus ri prìobhaideachd sam bith a tha co-cheangailte ris a' chùis.

### **Cùisean glèidhte**

Tha cùisean ann a tha glèidhte aig Pàrlamaid agus Riaghaltas na RA ann an Lunnainn. Is e cùisean aig a bheil buaidh air an RA air fad no aig a bheil buaidh eadar-nàiseanta a th' anns a' mhòr-chuid dhiubh, leithid saoranachd agus cùisean dìon.



Feumar cuimhneachadh, a chionn gur e pàrlamaid thiomnaichte a tha ann am Pàrlamaid na h-Alba, nach urrainn do BPA gnothach a ghabhail ach ri cùisean tiomnaichte. Ma chuireas sibh gu BPA mu dheidhinn cùis leithid in-imrich no sochairean sòisealta, tha e glè choltach gun tèid ur stiùireadh don BhP agaibh ann am Pàrlamaid na RA ann an Westminster.

## Ciamar a gheibh mi a-mach dè tha na BPA agam a' dèanamh anns a' Phàrlamaid?

### Air an eadar-lìon

Is e sàr-ghoireas a tha anns an làraich-lìn againn aig [www.parlamaid-alba.org](http://www.parlamaid-alba.org) do dhuine sam bith a tha airson obair na Pàrlamaid a leantainn. Bu chòir don fhiosrachadh a leanas a bhith feumail ma tha sibh a' lorg rudeigin sònraichte air an làraich-lìn. Gheibh sibh a h-uile càil gu h-ìseal le bhith a' dol tro dhuilleag nan Ceistean Cumanta aig: [www.scottish.parliament.uk/vli/publicInfo/faq/index.htm](http://www.scottish.parliament.uk/vli/publicInfo/faq/index.htm)

### An Iris Ghnothaichean

Bidh an Iris Ghnothaichean a' tighinn a-mach a h-uile latha seachdaineil nuair a tha a' Phàrlamaid a' suidhe. Tha fiosrachadh ann air coinneamhan Pàrlamaid ri teachd, liosta ghluasadan làthaireil, ceistean beòil is sgrìobhte, molaidhean airson bilean bhall, agus fiosrachadh air mar a tha reachdas a' tighinn air adhart.

### An Aithisg Oifigeil

Is e cunntas sgrìobhte air na chanar air beulaibh an t-sluaigh aig gach coinneamh Pàrlamaid agus comataidhean a th' anns an Aithisg Oifigeil. Chithear innte clàr air na bhòtaichean aig an Àm Co-dhùnaidh anns an t-Seòmar-deasbaid, agus tha i feumail airson faicinn ciamar a bhòt BPA sam bith air cùis àraid.

### Clàr Bhòtaidh

Gheibh sibh fiosrachadh cuideachd air mar a bhòt BPA le bhith a' cleachdadh foirm-iarrtais clàr-bhòtaidh BPA air an làraich-lìn.

### Aithisg nam Freagairtean Sgrìobhte

Ann an Aithisg nam Freagairtean Sgrìobhte gheibhear na ceistean sgrìobhte aig BPA agus na freagairtean a thugadh seachad le Riaghaltas na h-Alba no an t-Oifigear-riaghlaidh no Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba. Tha freagairtean ann cuideachd air na ceistean beòil a chaidh a thaghadh airson Àm nan Ceistean agus Àm-cheistean a' Phrìomh Mhinistear ach nach

d' fhuair freagairt san t-Seòmar. Gheibhear freagairt sgrìobhte cuideachd le bhith a' cleachdadh a' ghoireas lorg airson Cheistean is Freagairtean air an làraich-lìn.

### Craoladh air an Lìon

Gabhaidh deasbadaan (agus a mhòr-chuid de choinneamhan comataidh) a leantainn beò air an eadar-lìon le bhith a' cleachdadh na seirbheis craoladh-lìn againn aig [www.holyrood.tv](http://www.holyrood.tv)

Cuideachd, tha na làraichean-lìn aca fhèin aig mòran de na BPA. Gheibhear do na làraichean seo tro Roinn nam BPA air làrach-lìn na Pàrlamaid. Dh'fhaodadh fiosrachadh a bhith orra mu eachdraidh-beatha, uairean nam freasdal-lann agus coinneamhan a tha gu bhith ann anns na sgìrean-pàrlamaid no anns na roinnean.

### Cur fios air Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobail

Faodaidh sibh brath a chur gu Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobail le post-dealain, litir, fòn, facs no fòn-teagsa. Bidh an luchd-obrach toilichte do chuideachadh ma tha ceist sam bith agad mu na BPA agus an obair aca. Tha làn-fhiosrachadh aig deireadh an leabhraìn seo air mar a nì sibh seo.


### Tadhal air a' Phàrlamaid

Tha sibh di-beathte tighinn don Phàrlamaid gus BPA fhaicinn ag obair agus gus eisteachd ri deasbadaan. Innsidh an Sgioba Seirbheisean Luchd-tadhail dhuibh mu chothroman tadhail air a' Phàrlamaid. Faodaidh sibh fios a chur gu Seirbheisean Luchd-tadhail air 0131 348 5200 no air post-dealain: [sp.bookings@scottish.parliament.uk](mailto:sp.bookings@scottish.parliament.uk)



## A' cur fios gu BPA

Faodaidh sibh sgrìobhadh gu BPA sam bith fon an ainm aca fhèin aig:

 **Seòladh** **Pàrlamaid na h-Alba**  
Dùn Èideann  
EH99 1SP

Faodaidh sibh post-d no litir a chur gu BPA ann an cànan sam bith. Gheibh sibh freagairt air ais a rèir na h-ùine a bheir e airson eadar-theangachadh a dhèanamh air an litir agus an fhreagairt.

Tha seòladh puist-d aig a h-uile BPA. Seo an cruth àbhaisteach:

 **Post-d** **ciad-ainm.sloinneadh.msp@scottish.parliament.uk**

Tha cuid nach eil a rèir a' chruth seo agus faodaidh sibh sùil a thoirt orra air an làraich-lìn (ann an Roinn nam BPA), no le bhith a' faighneachd de Sheirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill.

Ma dh'fhònaigeas sibh don Phàrlamaid air tè de na h-àireamhan gu h-ìosal thèid do chur troimhe do dh'oifis BhPA sam bith no gheibh sibh àireamh na h-oifis ionadail aca.

 **Fòn** **0131 348 5000**  
**0845 278 1999** (pris ionadail)

**Fòn teagsa**  
Tha fònaichean-teagsa (airson daoine le trioblaidean claisneachd) aig cuid de na Buill. Gheibh sibh àireamhan fòn-teagsa bho làrach-lìn na Pàrlamaid no bho Sheirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill.

Gheibhear tuilleadh dòighean air fios a chur air BPA, leithid seòlaidhean oifisean ionadail, bhon làraich-lìn (ann an Roinn nam BPA) no bho Sheirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill.

Bu chòir dhuibh beachd a ghabhail air grunn phuingean mus co-dhùin sibh cò na BPA air an cuir sibh fios.

- Tha inbhe cho-ionnan aig a h-uile BPA sa Phàrlamaid.
- Ged a bhiodh dreuchd oifigeil aig cuid aca, leithid Rùnaire Caibineit no Oifigear-riaghlaidh, is e BPA a tha annta fhathast agus faodar fios a chur dhaibh anns an aon dòigh ri BPA sam bith eile.
- Ma tha sibh airson fios a chur gu BPA anns an dreuchd aca mar Rùnaire Caibineit no Ministear, feumaidh sibh a dhol gu Riaghaltas na h-Alba. Tha a' Phàrlamaid agus an Riaghaltas air leth bho chèile, le seòlaidhean eadar-dhealaichte. Chan urrainn do na h-oifisean sgìreil is roinneil dèiligeadh ri ceistean ministreil agus chan urrainn do dh'oifisean Riaghaltais dèiligeadh ri gnothaichean sgìre- no roinn-phàrlamaid.

Tha a h-uile BPA a' leantainn Còd Giùlain a tha na bhonn-stèidh air an obair a nì iad. Lorgaidh sibh an Còd Giùlain air an làraich-lìn againn aig:  
[www.scottish.parliament.uk/msp/conduct/index.htm](http://www.scottish.parliament.uk/msp/conduct/index.htm)

## Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill aig Pàrlamaid na h-Alba

Bidh Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill aig Pàrlamaid na h-Alba a' toirt seachad fiosrachadh air Pàrlamaid na h-Alba, a ballrachd, gnothaichean agus dòighean-obrach.

 **Seòladh** **Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill**  
Pàrlamaid na h-Alba  
Dùn Èideann  
EH99 1SP

 **Fòn** **0131 348 5395** (Gàidhlig)  
**0131 348 5000** (Beurla)

Tha sinn a' cur fàilte air an t-seirbheis Typetalk aig an RNID cuideachd (**0131 558 7676**).

 **Facs** **0131 348 5601**

 **Post-d** **gaidhlig@scottish.parliament.uk**

 **Làrach-lìn** **www.parlamaid-alba.org**

*Tha an leabharan seo na pàirt den t-sreath Mar a tha Pàrlamaid na h-Alba ag Obair. Tiotalan eile anns an t-sreath:*

- **Mar a tha Pàrlamaid na h-Alba ag Obair** fiosrachadh bunasach mu Phàrlamaid na h-Alba, a ballrachd, gnothaichean agus dòighean-obrach.
- **An Aithisg Oifigeil** stiùireadh air clàr sgrìobhte de na thèid a ràdh ann an coinneamhan poblach Pàrlamaid na h-Alba agus na comataidhean aice.
- **Riochdachadh Sluagh na h-Alba** Tha seo a' mìneachadh obair agus dleasan nam buidhnean a bhios a' riochdachadh sluagh na h-Alba agus a' toirt stiùireadh seachad air cò thuige a bu chòir dhuibh fios a chur ma tha sibh airson ceist a thogail.
- **Seòmar-deasbaid Pàrlamaid na h-Alba** beagan fiosrachaidh air cumadh an t-Seòmair agus air na tha a' tachairt ann.
- **Obair nan Comataidhean aig Pàrlamaid na h-Alba** mìneachadh air dè tha anns na comataidhean agus ciamar a tha iad ag obair.

Faodaidh sibh fios a chur gu Seirbheis Fiosrachaidh a' Phobaill ma tha sibh ag iarraidh an leabhraiche seo ann an cruth no cànan eile.